

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

# COTHROM DO DH'ÒIGRIDH UIBHIST CÒMHLAN-CIÙIL ÙR A STÈIDHEACHADH

22 An t-Samhain 2010

Air 7 agus 8 Samhain chaidh bùthan-obrach ùra a chumail ann an Talla Staoinebrig fo stiùir Norrie Mhicìomhair a tha a' cluiche leis a' chòmhlan Bodega. Bha na bùthan-obrach fosgailte do chloinn anns an àrd-sgoil a tha airson adhartas a dhèanamh ann an obair-bhuidhne. Nochd ochdnar uile gu lèir agus gheibhear taic anns na mìosan ri thighinn bho luchd-teagaisg na Fèise Angusina Mhoireasdan agus Daibhidh Ballantyne airson Còmhlan Fèis Tìr a' Mhurain a leasachadh agus a thoirt gu ìre phroifeiseanta.

Mar phàirt dhe na clasaichean leantainneach gheibh iad an cothrom seataichean snasail a chur ri chèile a' cleachdadh raon de dh'ionnstramaidean air a bheil iad fhèin eòlach. Tillidh Norrie aig toiseach na h-ath-bhliadhna' airson barrachd stiùiridh a thoirt dhaibh agus thèid cèilidh shònraichte a chumail ann an Talla Staoinebrig airson cothrom cluiche a thoirt dhan bhuidheann.

Tha Comataidh Fèis Tìr a' Mhurain air leth tàingeil dhan a h-uile duine a tha ag obair gu saor-thoileach airson na clasaichean seo a chur air dòigh agus cuideachd gu Bòrd na Gàidhlig agus Fèisean nan Gàidheal airson taic-airgid a chur ris a' phròiseact.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



### YOUNG ISLAND MUSICIANS TO FORM A NEW GAELIC CÈILIDH BAND

**22 November 2010**

New workshops were held on 7th and 8th November in Stoneybridge Hall to give young, local musicians the opportunity to develop their groupwork skills. The workshops were led by well-known Lewis musician Norrie MacIver from 'Bodega'. The workshops were open to all secondary pupils and eight young musicians attended. In the next few months the participants will receive additional support to develop Còmhlan Fèis Tir a' Mhurain. Classes will continue over the winter, and will be led by local Fèis tutors, Angusina Morrison and David Ballantyne.

In the coming months the young performers will work together to arrange a variety of sets using voice, fiddle, accordion, guitar, keyboard and small pipes. Norrie will return at the end of February 2011 to lead another workshop and the group will perform on stage for the first time at a cèilidh to be held in Stoneybridge Hall.

The committee of Fèis Tir a' Mhurain would like to thank all the volunteers who help to organise the running of these classes and also to Bòrd na Gàidhlig and Fèisean nan Gàidheal for their generous support.